

faileas

Fèisean nan Gàidheal's Newsletter • Iris 46 • Am Màrt 2013 • March 2013

FÈIS DHRÀMA EARRA-GHÀIDHEAL IS LOCH ABAR



Bha bun-sgoiltean Gàidhlig bho air feadh Earra-Ghàidheal is Loch Abar cruinn còmhla ann an Tallaichean a' Chorrain san Òban bho chionn ghreis mar phàirt den ochdamh Fèis Dhràma Earra-Ghàidheal is Loch Abar. Bha clann bun-sgoile de gach aois a' taisbeanadh taghadh farsaing de dhealbhann-cluiche, a' dèiligeadh ri cuspairean eadar-dhealaichte - bainnsean, na h-Èiphitich, Eilthireachd agus luchd-turais bho phlanaidean eile nam measg.

Thuir Dougie Beck, Oifigear Dràma Fèisean nan Gàidheal, a tha air a bhith a' libhrigeadh tòrr de bhùthan-obrach deasachaidh na Fèise: "Tha Fèisean nan Gàidheal air a bhith a' ruith a' phròiseict seo bho 2006, agus tha sinn air leth toilichte gu bheil na h-uiread de sgoiltean air bòrd a-rithist. Bha còrr is 100 sgoilear ann an 6 sgoiltean a' gabhail pàirt am-bliadhna, cuid aca a tha air a bhith an sàs anns a' phròiseact fad na beatha-sgoile aca. Tha e glè fhollaiseach gu bheil iad air buannachd fhaighinn às. Ann an cuid mhath de sgoiltean, 's iad na sgoilearan fhèin a tha air na dealbhann-cluiche a chur ri chèile, gan rannsachadh is gan sgrìobhadh. Tha seo a' ciallachadh gum bi iad a' togail tòrr sgoilean le bhith an sàs anns an Fhèis."

Gaelic-medium Primary Schools from across Argyll and Lochaber gathered together in the Corran Halls recently to show off their pupils' stage talents. The eighth annual Argyll and Lochaber Gaelic Drama Festival revealed a contrasting mixture of plays performed by all ages of primary children, with subjects including weddings, Egyptians, emigration and alien tourists.

Although it was not a competition, the performance day in the Corran Halls had a panel of experts who critically examined the schools' efforts on the stage and offered feedback and useful pointers in a light-hearted way.

Dougie Beck said: "We brought in the panel of experts in response to demand from schools; although we have deliberately shied away from holding a competitive event, we feel that it is important that schools get feedback of some kind on the day. Pupils, teachers and parents work very hard to put these plays on the stage, and it's good to be able to give them some validation that their efforts are going in the right direction!"

Ann an iris seo:

Fèis Dhràma	1
Fèisgoil Funding	1
Fèis Dhùn Èideann	2
Fèis Farr	2
Fèisean Grants	2
5 Latha	3
Training	3
Seonaidh a' Mhonaidh	4
New Staff	4



FÈISGOIL FUNDING

Tha Fèisean nan Gàidheal air fàilte a chur air maoin bho Riaghaltas na h-Alba mu choinneamh seirbheis Fèisgoil a chaidh a stèidheachadh airson taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

Fèisean nan Gàidheal has welcomed funding from the Scottish Government towards its Fèisgoil service, established to support Gaelic education.

Speaking at a summit on Gaelic Medium Education in Edinburgh, Minister for Scotland's Languages Alasdair Allan announced that six Gaelic education projects would share £90,000. £25,000 has been offered towards the training of Fèisgoil tutors and some pilot projects. Fèisean nan Gàidheal will use the funding to expand its ongoing work and provide more opportunities to schools, both with Gaelic and without, to learn the language.

Fèisean nan Gàidheal's Chief Executive, Arthur Cormack, said: "Fèisean nan Gàidheal welcomes this investment from the Scottish Government which will assist in the training of tutors to deliver our new Fèisgoil service. It will also enable us to collaborate with local authorities on some pilot projects to enable them to see how well Fèisgoil could work in action for them."

FÈIS DHÙN ÈIDEANN



Bha làithean sònraichte aig Fèis Dhùn Èideann 's iad a' cumail na prìomh fhèis aca eadar 11-14 Gearran aig Àrd-sgoil Tynecastle. Bha 76 an làthair aig an Fhèis le cha mhòr leth dhiubh sin aig aois àrd-sgoile. Tron t-seachdain chaidh cèilidh a chumail le luchd-teagaisg na Fèise agus cuid dha na com-pàirtichean le slugh mòr san èisteachd. Chòrd an Fhèis ris na bha an làthair gu mòr le com-pàirtichean a' miannachadh gu robh e a' tachairt nas cunbhalaiche!
Gu fortanach tha cothrom aca a bhith a' frithealadh chlasaichean leantainneach tron bhliadhna aig Bun-sgoil Crois na Cìse.

Fèis Dhùn Èideann held their annual Fèis during the mid term break, 11-14 February at Tynecastle High School. There were 76 participants attending the Fèis, half of which were high school pupils. They thoroughly enjoyed their week, with some asking if they could hold more regular Fèisean throughout the year!

Fortunately, Fèis Dhùn Èideann also offers a year long programme of Saturday classes at Tollcross Primary School during term time. For more information about Fèis Dhùn Èideann and their programme of events and classes please contact Gillian MacDonald on 07514 386925 or feisdhuneideann@feisean.org

FÈIS FARR

Following the annual general meeting of Fèis Farr in December, where the current committee said farewell to long-standing committee members and Fèis stalwarts, Alasdair and Sheena Forbes, a new series of monthly workshop evenings was launched at the beginning of February. The Fèis workshop evenings are family events and all ages are welcome to come along and participate in activities or just enjoy socialising and listening to some music.

Classes in a wide variety of instruments including fiddle, guitar, whistle, clarsach and Gaelic-song are open to anyone aged eight upwards. Younger children are invited to come along with their parents and participate in arts and craft activities. Participants can choose two classes each evening and each session is rounded off with an informal ceilidh, open to all, where tutors and participants will have a chance to perform and enjoy some ceilidh dancing.

The last workshop in this series will take place in Farr Hall on Friday 19th April at 7.30pm. The cost per workshops is £4 for the first member of a family and £2 for each subsequent member of the same family. For further information email feisfarr@feisean.org.

FEIS ÒIGRIDH ÌLE

Thachair Fèis Òigrìdh Ìle anns a' Ghearran le cha mhòr 60 cloinne an làthair. Bha tòrr spòrs aca le bhith ag ionnsachadh ionnsramaidean, a' cluich gheamannan is a' dèanamh dràma. Chaidh an Fhèis seo a chuir air bhonn san Àrd Sgoil anns a' Bhogha Mhòr am-bliadhna air sgàth gun robh tòrr a bharrachd dhaoine ga frithealadh agus bha feum aca air àite na bu mhotha. Reic iad a h-uile tiogaid airson a' chuirm mu dheireadh aca air an Dihaoine agus bha an talla-sgoile loma-làn dhaoine a bha airson a bhith ag èisteachd ris a' chloinn a' taisbeanadh an cuid thàlant.

Feis Ìle took place in February with almost 60 children in attendance. They all had a great time learning instruments, singing Gaelic songs, doing games and drama and generally having a ball. This year the Fèis took place in Islay High School in Bowmore. The final Cèilidh on Friday evening was sold out and the school hall was packed to hear the children all showing off their talent.



LATHA CIÙIL FÈIS SPÈ

Air Disathairne 2 Màrt, chum Fèis Spè 'Latha Ciùil' mìorbhaileach aig Bun-sgoil an Aghaidh Mhòir. Ghabh fichead 's a dhà duine cloinne pàirt anns na cur-seachadan aig Fèis Bheag le seinn, geamannan ciùil, ruitheam agus sgilean ciùird tradiseanta nam measg. Ghabh 34 clann eadar P4 – P7 pàirt anns na clasaichean ionnsramaidean do luchd-tòiseachaidh le luchd-oidhe chliùiteach na Fèise Gillian Frame, Finlay Napier agus Mhàiri Hall. Dh'ionnsaich na compàirtichean uile òran Gàidhlig agus thàinig an latha gu crìoch le seisean obair-buidhne agus 'taisbeanadh' mì-fhoirmeil anns an robh pàrantan agus teaghlacha an làthair. Air an aon latha, ghabh 14 buill den Chòmhlán Chèilidh Òga pàirt ann am bùth-obrach le Charlie McKerron. Rinn 15 daoine òga bho air feadh sgìre Pàirc Nàiseanta a' Mhònaidh Ruaidh agallamh airson Cuairt Cèilidh a' Mhònaidh Ruaidh na bliadhna-sa.



GRANTS TO FÈISEAN

Fèisean nan Gàidheal has managed to maintain the fund for grants to the Fèisean at the same level as recent years, despite funding cuts from two local authorities. The organisation is granting £209.5k to local Fèis activities, including classes and administrative work, for the year 2013-14 through its Grants Scheme for Fèisean. The scheme is funded by Creative Scotland, Highlands & Islands Enterprise, The Highland Council, Comhairle nan Eilean Siar and Argyll & Bute Council.

Fèisean nan Gàidheal's Board took the decision to maintain the funding for the Fèisean, although this would mean having to make savings in other areas of the organisation's programme, following news of reductions in funding from both The Highland Council and Comhairle nan Eilean Siar for the next financial year.

5 LATHA - GAELIC MEDIUM RESIDENTIAL EVENT

Tha Fèisean nan Gàidheal a' coimhead air adhart a-rithist ri 5 Latha a bhios a' gabhail àite a-rithist am-bliadhna anns Na Gearrannan, Eilean Leòdhais eadar 8 agus 13 Giblean 2013.

Bha fèill mhòr air na h-àiteachan a bha ri fhaotainn 's bidh 18 com-pàirtichean aois àrd-sgoile, a tha fileanta sa Ghàidhlig a' frithealadh tachartas còmhnaidh.

Gach latha bidh na com-pàirtichean a' cur eòlas air gnìomhan is obraichean traidiseanta na sgìre ann an Càrlabhaigh mar chroitreachd, iasgach, breabadaireachd, buain mòna agus beagan còcaireachd cuideachd. Ged nach fheum comas ciùil a bhith aig com-pàirtichean airson 5 Latha a fhrithialadh, bidh sinn a' tabhann chothroman sònraichte airson ceòl is òrain ionnsachadh bho shàr luchd-ciùil na Gàidhlig cuideachd, nam measg am fìdhleair ainmeil Iain MacPhàrlain (Blazin Fiddles) agus an seinneadar Gàidhlig Norrie Maciomhair (Mànran).

Thadhail An t-Oll. Alasdair Allan, Ministear airson Ionnsachadh, Saidheans agus Cànan Alba air an tachartas an-uiridh. Thuirt e: " 'S e cothrom air leth a th' ann an 5 Latha do luchd-labhairt na Gàidhlig, 's e a' toirt cothrom do sgoilearan bho air feadh Alba sgìlean traidiseanta ùra ionnsachadh 's iad a' fuireach ann an eilean a tha air a bhogadh ann an dualchas na Gàidhlig. Chan eil suidheachd nas fheàrr na coimhearsnachd bheòthail Ghàidhlig airson na sgìlean ùra seo ionnsachadh. Bha e air leth tlachdmhor fhaicinn cho math 's a chòrd cùisean aig 5 Latha ris a' chiad bhuidheann an-uiridh agus bu mhath leam meala-naidheachd a chur air Fèisean nan Gàidheal airson an tachartas seo a chumail a' dol. Tha seo a' dearbhadh mar a tha maoinachadh Riaghaltas na h-Alba airson Gàidhlig a' cruthachadh chothroman do dhaoine aig gach aois agus aig a' cheart àm ag aithneachadh àite nan coimhearsnachdan Gàidhealach ann a bhith a' coileanadh seo."

Air Diardaoin 11 Giblean thèid cèilidh a chumail leis a' bhuidheann de dh'òigridh ann an seann sgoil Shiaboist aig 7.30f, far an cluinn sibh tàlant nan daoine òga a bharrachd air seinneadairean is luchd-ciùil na sgìre. Airson tuilleadh fiosrachaidh mun chèilidh seo agus mu 5 Latha cuiribh fios gu Calum Ailig Mac a' Mhaolain air 01463 225559 no calum@feisean.org.

There is little over a week to go now until the next 5 Latha (5 Days), which will be held again at the Gearrannan Blackhouse between 8-13 April 2013. There was much interest shown in this year's 5 Latha and Fèisean nan Gàidheal are delighted that 18 high school pupils, who are fluent in Gaelic, will attend this exciting residential event.

TUTOR TRAINING

In February, 20 Fèis tutors gathered for a training session at Sabhal Mòr Ostaig – the session was geared towards music tuition, but many of the techniques are appropriate for other disciplines. Under the leadership of Andy Thorburn and Val Bryan, with assistance from Iona MacDonald on Gaelic and Gaelic Song and Gillian Pincock on Child Protection, a packed programme was offered to participants over three levels of experience.

It is good to see so many young people who have come through the Fèis movement turning to teaching, and the majority of participants (60%) were aged between 16 and 18 this year. As Elspeth MacGillivray commented when she came to collect her three daughters from the session, "We were worried that we were losing older teenagers from the Fèisean, but they're here!" Many participants were fluent or advanced in Gaelic this year too which looks hopeful for the success of the Gaelic Policy.



TRÈANADH LUCHD NAM FÈISEAN

'S an dà mhìos mu dheireadh, tha Fèisean nan Gàidheal air seiseanan trèanaidh ionadail a ruith dha na fèisean, air deagh-ghnè, dìon-chloinne, agus prionnsabalan coitcheann. A bharrachd air seo, chuir iad gu feum trèanadh bhon taobh a-muigh airson cuspairean mar chiad chobhair agus slàinteachas-bidh a libhrigeadh. Chaidh seiseanan a chumail ann an Uibhist, sna Hearadh, ann an Glaschu, Port Rìgh agus Lochabar agus thèid seiseanan a chumail san Òban agus ann an Steòrnabhagh a dh'aithghearr. Thathar an dùil seisean trèanaidh a ruith ann an Glaschu as t-samhradh, ann an còbhn ri Fèis Ghàidhlig Ghlaschu.

Over the last two months, Fèisean nan Gàidheal have been running local training sessions for the Fèisean, covering topics such as good practice, child protection and general principles, as well as using external organisations to offer such subjects as elementary food hygiene and first aid. Sessions have been held in Uist, Harris, Glasgow, Portree and Lochaber, and further sessions will be held in Oban and Lewis early in the new financial year. It is also intended that a tutor training session will be held in Glasgow in the summer, in collaboration with Fèis Ghàidhlig Ghlaschu.

FÈISGOIL ANN AN SIORRACHD PHEAIRT

Tha sgoilearan ann am bun-sgoiltean Siorrachd Pheairt air a bhith an sàs air an tearm seo ann an clasaichean spòrsail Gàidhlig mar phàirt den sgèama Fèisgoil! A' leantainn air an obair a rinn Aonghas anns an sgìre ron Nollaig, tha Cailean Collier air a bhith a' tadhal air Sgoil Rìoghail Dhùn Chailleann, Bun-sgoil Ghleann Lìomhainn agus Bun-sgoil Cheann Loch Rainich 's e a' libhrigeadh sreath de bhùthan-obrach a chaidh a dhealbhadh gus Gàidhlig a theagasg ann an dòigh spòrsail inntinneach.

Mar a thuirt Dougie Beck, a tha cuideachd air grunn de na bùthan-obrach a libhrigeadh: "Tha e air a bhith air leth inntinneach a bhith ag obair san sgìre seo – chan fhada bho sguir a' Ghàidhlig a bhith na cànan coimhearsnachd ann an Siorrachd Pheairt, is tha fios aig a' chloinn air a seo 's iad airson barrachd ionnsachadh mun chànan." Mar bu dual air a' Ghàidhealtachd, tha an droch shìde air trioblaidean adhbhrachadh, ach tha sinn an dùil an ùine a chaill sinn a dhèanamh suas an ath thearm!"

Tha sinn fhathast airson luchd-teagaisg ùra fhadasth a bhios ag obair ann an sgoiltean agus airson buidhnean eile ann an iomadh sgìre ann an Alba. Airson barrachd fiosrachaidh mu Fhèisgoil nach cuir sibh fios gu Calum Ailig Mac a' Mhaolain air 01463 225559 no calum@feisean.org.

Pupils in Perthshire Primary schools have been having great fun learning Gaelic as part of the Fèisgoil scheme this term! Following on from Angus Macleod's work in the area before Christmas, Cailean Collier has been visiting The Royal School of Dunkeld, Glenyon Primary and Kinloch Rannoch Primary once a week to deliver a series of ten workshops which have been put together by Fèisean nan Gàidheal to teach Gaelic in a fun yet progressive way. The combination of drama, songs and problem solving has been very successful, largely being based on activities designed for Sgioba G.

We are still keen to recruit potential tutors for this kind of work in other areas, which is available to schools and other groups right across Scotland. For more information about Fèisgoil please contact Calum Alex Macmillan on 01463 225559 or calum@feisean.org.

COTHROMAN DRÀMA ÙRA DO DHEUGAIREAN LE GÀIDHLIG

Am bliadhna, tro 'Sgeama Lìonradh Dràma Ghàidhlig' aig Bòrd na Gàidhlig, tha Fèisean nan Gàidheal agus Eden Court ag obair còmhla gus cothroman a bharrachd a thoirt do sgoilearan àrd-sgoile anns a' Ghàidhealtachd sgilean dràma ionnsachadh agus taisbeanadh dràma a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.

Anns a' Ghearran, thòisich Aonghas MacLeòid a tha na oifigear dràma aig Fèisean nan Gàidheal ag obair le buidhnean dràma Gàidhlig do dheugairean à Acadamaidh Bhaile Dhubhthaich agus Acadamaidh Inbhir Pheofharain a chaidh an cruthachadh mar phàirt den phròiseact. Tha na buidhnean seo a tha coinneachadh uair san t-seachdain ag ullachadh pìosan theatar a' nochdas air an àrd-ùrlar airson a' chiad uair aig Eden Court, air oidhche Diluain, 22 Giblean 2013. Thèid dealbh-chluich bho Sgioba Dràma Òigridh Inbhir Nis a tha fo stiùir Ruairidh MhicNeacail a tha na Oifigear Cruthachail Gàidhlig aig Eden Court a thaisbeanadh air an oidhche cuideachd.

Tha 'Aig Cridhe na Coille' le Club Dràma Òigridh Bhaile Dhubhthaich a' leantainn nighean 's an t-strì a th' aice coille dhùthchasach a ghlèidheadh agus tha 'Reulag' le Club Dràma Òigridh Inbhir Pheofharain, stèidhte air miann a th'air nighean cliù iomraiteach a choisinn dhi fhèin. Ann an Cleasachd Fòn Làimhe (eadar-theangachadh den dealbh-chluich aig Jim Cartwright) le Sgioba Dràma Òigridh Inbhir Nis bidh conaltradh ceilearach le rapal de rap, teacsaichean agus tweet!

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun pròiseact cuiribh fios gu Aonghas MacLeòid ann an oifis Inbhir Nis air 01463 225 559 no angus@feisean.org

This year, through Bòrd na Gàidhlig's 'Gaelic Drama Network', Fèisean nan Gàidheal and Eden Court are working together to increase the opportunities for high school pupils in Highland to learn drama skills and perform through the medium of Gaelic.

Fèisean nan Gàidheal Drama Officer Angus Macleod has been working with Gaelic drama groups for teenagers from Tain Royal Academy and Dingwall Academy. These groups are preparing new productions which will make their stage debut at Eden Court, on the evening of 22nd April 2013. A production by Inverness based Sgioba Dràma Òigridh Inbhir Nis supported by Eden Court's Gaelic Creative Worker Roddy Nicolson will also feature.

SEONAI DH A' MHONAI DH

A' comharrachadh Bliadhna Nàdarra na h-Alba, le taic bho Dhualchas Nàdair na h-Alba, bidh Meanbh-chuileag air chuairt sa Ghiblean agus sa Chèitean le "Seonaidh a' Mhonaidh" - dealbh-chluich ùr a' comharrachadh beatha Iain Muir, am fear-nàdair a rugadh ann an Alba is a choisinn cliù eadar-nàiseanta mar èolaiche-àrainneachd agus feallsanaiche.

Bidh Daibhidh Walker agus Debbie NicAoidh a' tadhal air a' mhòr-chuid de bhun-sgoiltean Gàidhlig na h-Alba leis an dealbh-chluich, a chaidh a

With this being the Year of Natural Scotland, Meanbh-chuileag will be on the road in April and May with "Seonaidh a' Mhonaidh" ("John of the Muirs") - a new play describing the life of John Muir, the Scottish-born naturalist who earned international recognition as an environmental expert and philosopher.

Daibhidh Walker and Debbie MacKay will visit the majority of GM primaries with the play, which was written by Dougie Beck.

SGOIL SHAMHRAIDH DHRÀMA 2013

Bidh an t-siathamh Sgoil Shamhraidh Dhràma a' gabhail àite ann am Port Rìgh eadar 1 agus 11 Iuchar. Tha an Sgoil Shamhraidh fosgailte do dhuine sam bith le Gàidhlig eadar 14 agus 18 bliadhna dh'aois, agus 's e cothrom air leth a th' ann sgilean dràma ùra ionnsachadh an cuideachd feadhainn den luchd-teagaisg agus cleasaichean as fheàrr ann an saoghal na Gàidhlig. Gheibhear foirmean-iarrtais agus barrachd fiosrachaidh mun tachartas seo aig feisean.org/ssd.

The sixth Sgoil Shamhraidh Dhràma will be held in Portree between 1 and 11 July. Open to anyone with Gaelic aged between 14 and 18, it is a fantastic opportunity to learn new skills from some of the best teachers and actors in the Gaelic world. Application forms and more information can be found at feisean.org/ssd.

FÈISEAN NAN GÀIDHEAL NEW STAFF



Vicky MacLean took up her new post as Development Officer with Fèisean nan Gàidheal in February, having previously worked at the BBC. Vicky is based at the Camaghael Hostel in Fort William and can be contacted on 01397 704132 or vicky@feisean.org.

Jenna Morrison is still on maternity leave and Shona Macmillan from Lewis will be taking her place for the next three months. Nicola Simpson is also going on maternity leave soon - congratulations to her and Duncan! Rachel Harris will be taking her place for six months or so. We are looking forward to working with them all.

MEALA-NAIDHEACHD

Meala-naidheachd air Ceannard Fèisean nan Gàidheal, Art MacCarraig, a tha a' comharrachadh fichead bliadhna de dh'obair aig a' bhuidheann am bliadhna.

Aig coinneamh a' Bhùird anns a' Ghearran thug am Bòrd seachad tiodhlac do dh'Art agus thug Cathraiche a' Bhùird, Catriona Nic an t-Saoir, taing mhòr dha airson a dhìcheall thairis air na bliadhnaichean. Tha i an dòchas gum bi e ann fichead bliadhna eile.

Thuir Art gu bheil an obair air còrdadh ris gu mòr ged a tha dùbhlain gu leòr air a bhith againn san ùine sin agus tha iad romhainn fhathast. Thug e taing dhan Bhòrd agus don Sgioba-obrach airson gach taic ged nach do gheall e gun robh fichead bliadhna eile air fhàgail ann!

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhìl
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ
Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d brath@feisean.org
www.feisean.org